

# Geàrr-chunntas atharrachaidhean Cùrsa Nàiseanta: Matamataig



## Nàiseanta 4, Nàiseanta 5, Àrd-Ìre agus Àrd-Ìre Adhartach: seisean 2021–22

### Nàiseanta 4

#### Aonad luach leasaichte

Tha an riatanas airson an aonad luach leasaichte a chrìochnachadh air a thoirt air falbh airson seisean 2021–22. Gus an duais cùrsa iomlan airson Nàiseanta 4 a choileanadh san t-seisean seo, feumaidh tagraichean pas fhaighinn sa h-uile h-aonad eile sa chùrsa Nàiseanta 4. Feumaidh tu toradh ‘pas’ a chur a-steach airson an aonad luach leasaichte gus dèanamh cinnteach gu faigh na tagraichean agad teisteanas airson duais a’ chùrsa.

Cha leig thu leas fianais a chruinneachadh airson an aonad luach leasaichte san t-seisean seo; ach, tha e cudromach gun toir thu cothroman do thagraichean na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse a tha air am mìneachadh ann an sònrachadh aonad luach leasaichte Nàiseanta 4 a leasachadh agus a thaisbeanadh, far a bheil sin comasach. Bheir seo taic do na tagraichean agad agus iad a’ dol air adhart gu tuilleadh ionnsachaidh agus measaidh aig ìre 5 SCQF.

### Nàiseanta 5

Co-phàirt	Comharra	Ùine
Pàipear 1	40 comharran	1 uair a thìde
Pàipear 2	50 comharran	1 uair 30 mionaid

#### Pàipear nan ceistean

Cha tèid na raointean a leanas a mheasadh ann am pàipearan nan ceistean ann an seisean 2021–22:

- ◆ bheactoran
- ◆ co-choltas
- ◆ co-chomharran 3D

### Àrd-Ìre

Co-phàirt	Comharra	Ùine
Pàipear 1	55 comharran	1 uair 15 mionaid
Pàipear 2	65 comharran	1 uair 30 mionaid

#### Pàipear nan ceistean

Cha tèid na raointean a leanas a mheasadh ann am pàipearan nan ceistean ann an seisean 2021–22:

- ◆ bheactoran
- ◆ dàimhean tillteachais

## Àrd-ìre Adhartach

Co-phàirt	Comharran	Ùine
Pàipear 1	35	1 uair a thìde
Pàipear 2	65	2 uair a thìde

### Pàipear nan ceistean

Cha tèid na raointean a leanas a mheasadh ann am pàipearan nan ceistean ann an seisean 2021–22:

- ◆ a' lorg aisiomtotan airson grafan nam fuincseanan raiseanail
- ◆ a' rannsachadh neartan grafan agus a' dèanamh sgeidsichean de ghrafan nam fuincseanan
- ◆ ag obrachadh a-mach toraidhean a' bheactoir
- ◆ ag obrachadh le loidhnichean ann an trì seallaidhean
- ◆ ag obrachadh le raointean

Ma tha ceist sam bith agad mu na h-atharrachaidhean seo, cuir post-d gu [qualification.development@sqa.org.uk](mailto:qualification.development@sqa.org.uk).